BÒRD NA GÀIDHLIG

Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh	**Board Meeting**
Diciadain 15/12/2021 09.30-15.15	**Wednesday 15/12/2021 09.30-15.15**
Air loidhne tro MS Teams	**Online via MS Teams**
CLÀR-GNOTHAICH	**AGENDA**

SEISEAN DÙINTE		**CLOSED SESSION**	**09.30-12.30**
10.0	**TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE**	**OPEN SESSION START**	**13.30-14.40**
10.1	Fàilte bhon Chathraiche	Welcome	
10.2	Leisgeulan	Apologies	
10.3	A' nochdadh chom-pàirtean	Declarations of interest	
11.0	**IONMHAS**	**FINANCE**	**d. 74**
11.1	**Airson Fiosrachadh** *	**For Information** *	
	Aithisg Ionmhais gu 30/09/2021	Finance Report to 30/09/2021	
	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais & Chùisean Corporra	*Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs*	
11.2	**Ri Aontachadh**	**For Decision**	
	Sgeama Oifigearan Gàidhlig	Gaelic Officers Scheme	
	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Pròiseactan	Steven Kellow, Grants and Projects Officer	
12.0	**PLANA GNÌOMH IS COILEANADH**	**OPERATIONAL PLAN AND PERFORMANCE**	**d. 81**
12.1	**Airson Fiosrachadh** *	**For Information** *	
	Plana Gnìomh 2021-22	Operational Plan 2021-22	
	Shona NicIllinnein, Ceannard	*Shona MacLennan, CEO*	
12.2	**Airson Fiosrachadh** *	**For Information** *	
	Adhartas nas Luaithe	Faster Rate of Progress	
	Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig	*Jim Whannel, Director of Gaelic Education*	
13.0	**RIANACHD MHÌ-CHINNTEAN**	**RISK MANAGEMENT**	**d. 96**
13.1	**Ri Aontachadh**	**For Decision**	
	Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail	Strategic Risk Register	
	PT1 – Clàr mhì-chinntean ro-innleachdail	PT1 – Strategic risk register	
	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra	*Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs*	
14.0	**CORPORRA**	**CORPORATE**	**d. 103**
14.1	**Airson Fiosrachadh** *	**For Information** *	
	Plana Corporra 2018-2023	Corporate Plan 2018-2023	
	Shona NicIllinnein, Ceannard	*Shona MacLennan, Ceannard*	
14.2	**Ri Aontachadh**	**For Decision**	
	Pròg̀ram coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh 2022/23	Board Meeting Schedule 2022/23	
	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra	*Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs*	
14.3	**Ri Aontachadh**	**For Decision**	
	Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh	Board Workplan	
	PT1 – Plana-obrach a' Bhùird-stiùiridh 21/22	PT1 – Board workplan 21/22	
	Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra	*Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs*	
15.0	**GISBE**	**AOCB**	
	Ceann-latha na h-ath coinneimh 02/03/2022	**Date of next meeting 02/03/2022**	
	Dùnadh na coinneimh	**Close of meeting**	
	Lèirmheas air a' choinneamh	***Review of meeting***	

Pàipearan Fiosrachaidh

- Tha pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' airson toirt-fa-near agus chan eil ùine deasbaid no còmhraidh air a chur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.
- Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhradh a chumail air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr-gnothaich.
- Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan '*Airson Fiosrachadh*' air nach eil rionnag * le bhith a' leigeil fios do Chathraiche a' Bhùird-stiùiridh co-dhiù latha ron choinneimh.
- Far a bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean no cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu oifis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneimh. Cuiridh an sgioba rianachd a' cheist

sin air adhart chun an oifigeir iomchaidh airson freagairt, agus airson a bhith cothromach thèid an fhreagairt a' sgaoileadh air na Buill gu lèir gus am bi an aon thuigse an uair sin aig a h-uile neach.

-

For Information Papers

- 'For Information' papers are for noting and time for debate or discussion is not allocated in the agenda.
- Where there is an opportunity to debate and discuss 'For Information' papers, these papers will be marked with an asterisk * on the agenda.
- Members will have the opportunity to request a discussion on unstarred 'For Information' papers * by notifying the Chair of the Board at least one day in advance of the meeting.
- Where Members have questions related to items such as agendas, policies, plans, or financial matters contained in the papers, they are encouraged to email these questions to oifis@gaidhlig.scot at least two working days in advance of the meeting. The administrative team will forward that question to the appropriate officer for an answer, and in the interests of fairness, the answer will be circulated to all Members so that everyone has the same understanding

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 11.1

For	Board Meeting
Date of Meeting	15/12/2021
Location:	Online
Item on Agenda	11.1

Paper Title	Quarterly Finance Report	
Recommendation	For Information *	
Spokesperson	Nicola Pearson, Head of Finance and Corporate Affairs	
Governance Route	**Date of Meeting**	**Decision**
Policy and Resources Committee Leadership Team	09/11/2021 13/10/2021	For information For information
Appendices:	PT1 – Finance Report to 30.09.2021	

1.0	**Purpose**
1.1	To give information to the Board on the financial position as at 30 September 2021. The paper is in English as it is presented by the Head of Finance and Corporate Affairs.
2.0	**Background**
2.1	PT1 provides an overview of the Quarter and YTD position, as well as a full year forecast position. The Development Spend is categorised in line with Strategic Priorities 1 – 3, whilst Strategic Priority 4 (Developing How we Work) is funded from running costs. At the start of 21-22, we had been awarded £5,179k in Grant in Aid which was our original budget for the current financial year. However, in June we were awarded a further £400k, taking our Grant in Aid budget to £5,579k - £200k towards new posts and £200k to the extension of the GDOs contracts.
3.0	**Main Points**
3.1	At the end of the September 2021, total spend was 32% under budget. This variance was primarily driven by Development spend which was underspent by c£950k: • £705k – GLAIF Grant Schemes: This variance is related to budget profile rather than a true underspend. With GLAIF, we receive status reports at the end of August each year – these reports trigger a release of spending for new and continuing projects. Spend therefore is expected to take place between September to December; and • £225k – Grant Schemes other. Again, this is a budget phasing issue and the budget is forecast to be fully utilised. Only £531k of the total £3,845k development spend budget remains uncommitted - £386k of this also relates to GLAIF Grant Schemes. Running costs are 11% behind budget year-to-date. This is a general underspend across a number of non-staff cost categories.

	We are currently forecasting a full year underspend of c£86k. This is primarily driven by having received additional funding for new posts part way through the year.
4.0	**Recommendation**
4.1	Members are requested to consider the report and note the information.
5.0	**Main Strategic Impacts**
5.1	**Impact on Finance**
	As described above.
5.2	**Impact on Staff**
	N/a.
5.3	**Impact on Training**
	N/a
5.4	**Links to Strategic and Corporate Aims**
	This paper supports the Board in fulfilling the aims for the year.
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta/ Links to the National Performance Framework**
	n/a
5.6	**Buaidhean air Cliù/Impacts on Reputation**
	It is important the BnG continues to demonstrate effective management of its finances.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd/Impacts on Health and Safety**
	n/a
5.8	**Buaidhean Laghail/Legal Impacts**
	n/a
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas/Impacts on Equality**
	n/a
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd/Impacts on the Environment**
	n/a

Seisean Fosgailte
PT1 - Cuspair 11.1

Quarterly finance report (against strategic priorities and full year forecast) – Sept 2021

		QUARTER 2 (1 Jul - 30 Sept)			YTD (1 Apr - 30 Sept)			FULL YEAR			COMMITMENTS			
		BUDGET	ACTUAL	VAR	BUDGET	ACTUAL	VAR	BUDGET	FORECAST	VAR	FORECAST	YTD SPEND	COMMITTED	UNCOMMITTED
FUNDING	Opening Available Budget	89,638	89,638		89,638	89,638		89,638	89,638					
	Grant In Aid	1,272,000	1,272,000		3,227,000	3,227,000		5,579,000	5,579,000					
	Funding From External Bodies	25,000	25,000		50,000	50,000		100,000	75,000	(25,000)				
	Returned Funding		4,384	4,384		17,697	17,697		17,697	17,697				
	AVAILABLE BUDGET	**1,386,638**	**1,391,022**	**4,384**	**3,366,638**	**3,384,335**	**17,697**	**5,768,638**	**5,761,335**	**(7,303)**				
EXPENDITURE	Using Gaelic	522,777	428,060	94,717	1,589,308	905,517	683,791	2,532,824	2,621,831	(89,008)	2,621,831	905,517	1,275,475	440,839
	Learning Gaelic	314,047	270,117	43,930	653,713	429,910	223,803	1,034,620	938,299	96,320	938,299	429,910	459,205	49,184
	Promoting Gaelic	55,507	43,187	12,320	172,068	130,162	41,906	277,557	284,869	(7,312)	284,869	130,162	113,931	40,776
	DEVELOPMENT SPEND	**892,331**	**741,363**	**150,968**	**2,415,089**	**1,465,589**	**949,500**	**3,845,000**	**3,845,000**	**0**	**3,845,000**	**1,465,589**	**1,848,611**	**530,800**
	Salaries	302,915	289,673	13,241	605,829	584,113	21,716	1,411,658	1,226,933	184,725				
	Other Costs	115,312	93,691	21,621	230,222	162,010	68,212	422,342	520,529	(98,187)				
	RUNNING COSTS	**418,226**	**383,364**	**34,862**	**836,051**	**746,123**	**89,928**	**1,834,000**	**1,747,462**	**86,539**				
	TOTAL SPEND	**1,310,558**	**1,124,727**	**185,830**	**3,251,140**	**2,211,712**	**1,039,428**	**5,679,000**	**5,592,461**	**86,539**				
	BUDGET CARRIED FORWARD	**76,081**	**266,295**	**190,214**	**115,498**	**1,172,624**	**1,057,125**	**89,638**	**168,874**	**79,236**	**UNCOMMITTED DEV BUDGET:**			**530,800**

Cuspair 11.2
Seisean Fosgailte

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	15/12/2021
Àite:	Aig astar (Microsoft Teams)
Nì a' Chlàir-ghnothaich	11.2

Tiotal a' Phàipeir	Sgeama Oifigearan Coimhearsnachd	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba Stiùiridh	29/11/2021	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	

1.0	**Adhbhar**
1.1	A' sireadh aonta bho Bhuill a' Bhùird-stiùiridh gus sgeama taic-airgid ùr a chur air dòigh is aonta fhaighinn air prìomhachasan an sgeama seo.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chaidh £200k a bharrachd a thabhann do Bhòrd na Gàidhlig le Riaghaltas na h-Alba airson bliadhna-ionmhais 2021/22 gus taic a chumail ri oifigearan coimhearsnachd, mar thoradh air an Adhbhar Gnothachais.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Thathar ag amas air sgeama taic-airgid fhoillseachadh gus cothrom a thabhann do bhuidhnean cur a-steach airson oifigear Gàidhlig fhastadh.
3.2	Thathar den bheachd gur e sgeama fosgailte an dòigh as fheàrr cothrom a thoirt seachad do bhuidhnean gus na planaichean aca airson na Gàidhlig a neartachadh a chur an gnìomh.
3.3	Thèid prìomhachas a chur air taic a chumail ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan no gnìomhachasan far nach eil luchd-obrach Gàidhlig ann an-dràsta, gu sònraichte ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig air a cleachdadh aig ìre coimhearsnachd agus/no far a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn, agus ann an gnìomhachasan a tha cur ri eaconamaidhean ionadail. Tha na prìomhachasan seo mar fhreagairt air an Adhbhar Gnothachais a chaidh a chur dhan Riaghaltais.
3.4	Bidh an sgeama seo fosgailte do bhuidhnean carthannais clàraichte ann an Alba, is amas leis a seo gu bheil bunait riaghlaidh ann a-cheana aig carthannasan a bhios freagarrach airson neach-obrach fhastadh.
3.5	Thathar an dùil leis gu bheil na Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh aig Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean poblach comasach taic-airgid fhaighinn tro shlighean eile, nach bi an sgeama fosgailte dhaibh is gun cruthaich seo cothrom dhuinn cothrom a thabhann do bhuidhnean eile oifigear fhaighinn.
3.6	Tha barrachd fiosrachadh air na h-oifigearan aig na buidhnean Gàidhlig is eile a tha Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh ri fhaighinn aig an ceangal làrach-lìn seo.
3.7	Thèid measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan leis na slatan-tomhais a leanas: • Dè am feum a tha air sealltainn san iarrtas airson leithid de dhreuchd san sgìre no gnìomhachas? • Dè cho soilleir is a tha planaichean airson na bhios an t-oifigear a' coileanadh, is dè a' bhuaidh a bhios ann dhan Ghàidhlig, dhan sgìre is dhan ghnìomhachais ma tha oifigear mar seo air fhastadh?

	• A bheil an dreuchd seo a' cur oifigear an sàs ann an sgìre no gnìomhachas far a bheil beàrn ann a thaobh oifigearan Gàidhlig an-dràsta? • Dè cho mòr is a bhios an dreuchd a' cur an gnìomh amasan Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig? • Dè luach an airgid a bhios Bòrd na Gàidhlig a' faighinn bhon taic-airgid a tha air sireadh? • Dè cho comasach is a tha a' bhuidheann a thaobh pròiseactan a ruith? • Dè cho mothachail is comasach is a tha a' bhuidheann a thaobh dleastanasan a thaobh co-ionnanachd, dìon cloinne is pàrantan corporra ma bhios iad iomchaidh, is a thaobh na h- àrainneachd?
3.8	Bidh na riaghailtean a leanas ann airson an sgeama: • Faodar cur a-steach airson suas ri £40,000 aig a' char as motha; 's ann airson cosgaisean co-cheangailte ri neach-obrach is pròiseactan beaga a bhiodh seo; • Tha taic ri fhaighinn airson dreuchd fad 12 mìosan • Feumaidh an neach a thèid a chur san dreuchd a bhith fileanta sa Ghàidhlig • Feumaidh a' bhuidheann co-dhiù 20% den taic-airgid a chur a-steach airson na dreuchd (faodaidh seo a bhith gabhail a-steach taic neo-ionmhasail, leithid ùine/cosgaisean rianachd no stiùireadh) • Bidh aithisg adhartais a dhìth bhon bhuidhinn tro bheatha na dreuchd • Bidh an sgeama seo fosgailte do bhuidhnean carthannais (faodaidh buidhnean a tha faighinn taic bho Bòrd na Gàidhlig airson oifigearan eile a chur a-steach, ach ma 's e Buidheann Com-pàirteach Lìbhrigidh a th' annta)
3.9	Feumaidh a' bhuidheann dreach tuairisgeul-obrach a chur a-steach airson na dreuchd mar pàirt den pròiseas iarrtais agus cuideachd dearbhadh a thoirt seachad gu bheil a' bhuidheann a' fastadh luchd-obrach a-cheana, no mur eil iad a' fastadh luchd-obrach gun urrainn dhaibh poileasaidhean freagarrach a thaobh fastadh a chur an gnìomh (leithid a bhith coileanadh amasan Obair Chothromach aig Riaghaltas na h-Alba).
3.10	Thathar an dùil an £200k bhon Riaghaltas airson bliadhna-ionmhais 2021/22 a chleachdadh airson na sgeama, is le bhith cur an taic-airgid a-mach ann an dà phàirt thathar an dùil gum bi £50k air a chosg ann an 2022/23 no 2023/24, mar sin bidh buidseat slàn airson na sgeama aig ìre £250k. Mar seo, thathar den bheachd gun urrainnear taic a chumail ri timcheall air 6 no 7 oifigearan tron sgeama.
3.11	Ma thèid aontachadh ris an sgeama a ruith, thèid seo fhoillseachadh tràth sa bhliadhna ùir, is amas ann an sgeama dùnadh air 15 Gearran 2022 le dùil gun tèid co-dhùnaidhean a dhèanamh taobh a-staigh mìos. Thèid fios as ùr a thoirt seachad do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh cho luath is a tha co-dhùnadh aig an Sgioba-stiùiridh air iarrtasan.
3.12	Thathar a' cur fàilte air beachdan no molaidhean bho Bhuill airson an sgeama.
4.0	**Moladh**
	Thathar ag iarraidh air Buill:
4.1	Aontachadh gus an sgeama taic-airgid Oifigearan Coimhearsnachd a chur air dòigh.
4.2	Aontachadh ris na prìomhachasan is riaghailtean airson an sgeama mar a thathar gan cur an cèill an seo.

Cuspair 11.2
Seisean Fosgailte

4.3	Aontachadh gum bi buidseat £250k ann airson an sgeama.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
5.1.1	Thathar ag amas gun tèid co-dhiù £200k a phàigheadh a-mach sa bhliadhna-ionmhais 2021/22 airson an sgeama seo, is £50k ann am bliadhna-ionmhais 2022/23 no 2023/24 (a rèir nuair a tha na dreuchdan tighinn gu crìch).
5.1.2	Tha £200k air a ghlèidheadh an-dràsta anns an loidhne-bhuidseat 102024 "GLAIF – Iomairtean" airson seo a chur an gnìomh, mar sin tha am moladh seo taobh a-staigh a' bhuidseit.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Bidh obair an lùib a bhith a' foillseachadh, a' ruith is a' measadh an sgeama seo ach tha seo taobh a-staigh comasan is ùine an sgioba.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Cha bhi gin ann.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Thèid measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan a rèir slatan-tomhais a' Phlana Chorporra, ach san fharsaingeachd thathar an dùil gum bi an sgeama seo a' cur ris na prìomhachasan a leanas bhon Plana:
5.4.1	**Cleachdadh na Gàidhlig** • "A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann" • "A' cur ris na th' ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean" • "A' cur iomairtean air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach, prìobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach"
5.4.2	**Cur air adhart na Gàidhlig** • "Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig" • "A' dealbh ro-innleachdan a nì cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig am feum as motha de dh'obair thosgairean na Gàidhlig"
5.5	**Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	**AR LUACHAN**
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-Nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**	
	Bidh seo a’ cur ri cliù na buidhne ann a bhith a’ tabhann cothrom fosgailte do bhuidhnean gus taic-airgid a shireadh is taic a chumail ri sgìrean is gnìomhachasan.	
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**	
	Bidh aig buidhnean a tha a’ cur iarrtasan a-steach ri dhearbhadh gu bheil poileasaidhean freagarrach aca a thaobh slàinte is sàbhailteachd, is gum bi iad a’ leantainn riaghailtean is stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh a’ choròna-bhìorais.	
5.8	**Buaidhean Laghail**	
	Chan eil gin ann.	
5.9	**Buaidhean air Co-ionannas**	
	Bidh ceist san fhoirm-iarrtais airson dearbhadh gu bheil buidhnean a tha a’ cur iarrtasan a-steach mothachail air dleastanasan a thaobh co-ionnanachd.	
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd**	
	Bidh ceist san foirm-iarrtais airson dearbhadh gu bheil buidhnean a tha a’ cur iarrtasan a-steach mothachail air dleastanasan a thaobh lùghdachadh buaidh air an àrainneachd.	

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.1

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	15/12/2021
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	12.1

Tiotal a' Phàipeir	Coileanadh a' Phlana Gnìomh 2021/22	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach-labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan	13/10/2021 09/11/2021	Airson aontachadh Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Tha- PT1 – Coileanadh a' Phlana Gnìomh 21-22	

1.0	**Adhbhar**
1.1	'S e as adhbhar don phàipear seo fiosrachadh a thoirt don Bhòrd-stiùiridh air coileanadh ghnìomhan ann an 2021/22 mu choinneamh na chaidh a chur ron bhuidhinn ann am Plana Chorporra 2018/23 agus Plana Gnìomh 2021/22.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Tha am Plana Corporra aig Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh 9 builean coileanaidh a bhios gan cleachdadh airson measadh a dhèanamh air coileanadh mu choinneamh phrìomhachasan ro-innleachdail a tha rin coileanadh ro 2023.
2.2	Tha Plana Gnìomh 2021/22 a' comharrachadh ghnìomhan sònraichte a thèid a choileanadh gus adhartas a dhèanamh le prìomhachasan ro-innleachdail bhon Phlana Chorporra. Tha na clàran san aithisg an cois seo a' toirt iomradh air an adhartas a tha ga dhèanamh leis a seo.
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Aig an ìre seo, cha mhòr gu bheil cùisean a' ruith mar a bha an dùil. Tha aon rud ann a tha a' bualadh air feadhainn de na gnìomhan agus sin atharrachaidhean san sgioba. Bha dà dhreuchd anns an sgioba foghlaim bàn ach thòisich dithis sna 2 mhìos a chaidh seachad. Aig an àm seo, thathar den beachd gur ann mar seo a tha an suidheachadh: Àireamh de Ghnìomhan uile gu lèir: 51 Air an coileanadh: 18 (36%) Fo sheòl le dùil gum bi iad dèante taobh a-staigh na bliadhna: 26 (52%) Fo sheòl gun dùil gum bi e dèante taobh a-staigh na bliadhna: 1 (2%) Gun a bhith air tòiseachadh ach le dùil gum bi iad dèante ro dheireadh na bliadhna: 4 (8%) Nach tèid a libhrigeadh air sgàth atharrachaidhean sa bhuidhinn no COVID-19: 2 (4%). A thaobh nan 4 gnìomhan nach eil air tòiseachadh, tha barrachd fios an seo: 4.8 Ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean na h-Alba agus buidhnean eile, tarraing barrachd dhaoine òga a-steach do thrèanadh proifeasanta airson Foghlam Gàidhlig tro bhith a' lìbhrigeadh ceithir tachartasan dreuchdail.

	Tha coinneamhan air a bhith ann eadar an oifigear leasachaidh is Sgilean Leasachadh na h-Alba, ag obair air tachartas sa Mhàrt 2022. 7.3 Bithear a' coimiseanadh rannsachadh air a' cheangal eadar Gàidhlig agus sunnd gus cur ri cothroman gus togail air seo. Tha an obair seo a' tòiseachadh le rannasachadh air lèirmheasan eile a rinneadh co-cheangailte ri sunnd ann an Alba. 9.2 Coilean no rach thairis air na targaidean san Aithris Luach as Fheàrr againn gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn am feum as fheàrr de ghoireasan poblach. Cha do thòisich obair air seo fhathast ach thèid a dhèanamh ro dheireadh an Fhaoillich. 9.3 Bidh plana siubhail gnìomhachais an gnìomh againn a bhios a' cur ris na targaidean lùghdachaidh carboin againn. Tha barrachd fiosrachadh sa phàipear PT1 air gach gnìomh.
4.0	**Moladh**
4.1	Tha am pàipear seo airson fiosrachadh is thathar ag iarraidh air Buill toirt fa-near don fhiosrachadh seo.
5.0	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Tha an obair sa Phlana Gnìomh a' bualadh gu mòr air an ionmhas againn. Bidh an obair seo a' tachairt taobh a-staigh nam buidseatan againn.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Bha buaidh mhòr air an luchd-obrach oir tha an aithisg seo a' toirt iomradh air iomadh gnìomh a tha an sgioba a' toirt air adhart, a' mhòr chuid a bha sa Phlana Gnìomh 21/22 ach bidh obair eile a' nochdadh tron bhliadhna.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air trèanadh ach le cuid de na gnìomhan, tha iad a' ciallachadh gum bi trèanadh a bharrachd a dhìth air cuid.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra**
	Tha am pàipear seo a' cur ris na ceithir amasan corporra aig Bòrd na Gàidhlig.
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☒	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			☒

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Thathar an dùil gum bi an aithisg seo a' cur ri cliù na buidhne leis an eòlas a tha ri fhaighinn air obair na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil buaidh dhìreach sam bith aig an aithisg seo air Slàinte is Sàbhailteachd.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil buaidh laghail dhìreach sam bith aig an aithisg seo.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil buaidh sam bith a bharrachd aig an aithisg seo air co-ionannachd.
5.10	**Buaidhean air Àrainneachd**
	Tha an dòigh-obrach ùr a' dèanamh feum dhan àrainneachd oir cha robh siubhal ann tron bhliadhna gu ruige seo is bidh na dòighean-obrach ùra a' bualadh air mar a bhios sinn ag obair sna bliadhnaichean ri teachd.

A' COILEANAIDH A' PHLANA GNÌOMH 2021-22

Ar Lèirsinn: Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bhunaiteach de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.	**Our Vision:** Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national and economic asset

1. A' Cleachdadh na Gàidhlig

1. Using Gaelic

Prìomhachasan Ro-innleachdail 1: Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faotainn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna choimhearsnachdan aca	**Strategic Priority 1:** More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha a h-uile targaid seo ag obair a dh'ionnsaigh an lèirsinn gu h-àrd a chur an gnìomh agus tha adhartas math air a bhith ann leis a' mhòr-chuid de na targaidean gu ruige seo agus tha sinn air cuid dhuibh a choileanadh mu thràth.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha adhartas gu ruige seo air a bhith mar a bhiodh dùil.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 30/09/2021	Coileanadh gu 30/09/2021	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/ Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 1: Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh	**Coimhearsnachdan** 1.1 Neartaich a' Ghàidhlig anns na sgìrean traidiseanta le bhith a' toirt taic agus maoineachadh do co-dhiù 10 pròiseactan anns na coimhearsnachdan traidiseanta anns na h-eileanan agus na sgìrean dùthchail.	Chaidh 11 pròiseact maoineachadh tro GLAIF 21/22 airson sgìrean na h-Eileanan Siar, agus 4 pròiseactan le ceanglaichean coimhearsnachd ann an sgìrean traidiseanta air a' Ghàidhealtachd.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd (SPCLC)
	1.2 Tog lìonraidhean nas treasa ann an sgìrean bailteil le bhith a' cumail taic is maoineachadh ri co-dhiù 10 pròiseactan ann an cathair-bhailtean is bailtean mòra.	Chaidh 12 pròiseactan maoineachadh airson Comhairlean Ghlaschu, Dùn Èideann is Dùn Dè tro GhLAIF 21/22, is 2 pròiseact eile ann an Glaschu gu ruige seo.			SPCLC
	Planaichean Gàidhlig - A' gabhail a-steach Dhleastanasan Reachdail 1.3 Dèan cinnteach gu bheilear a' cumail sùil air adhartas le bhith ag iarraidh 58 aithisg dearcnachaidh	Chaidh fios a-mach gu 8 ùghdarrasan poblach airson aithisgean dearcnachaidh iarraidh bhuapa - Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Pheairt is Ceann Rois, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath, Nàdar Alba, Comhairle na h-Eaglaise Brice, Comhairle Siorrachd Àir a Tuath agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.			SPCLC
	1.4 Dèan cinnteach gu bheil planaichean iomchaidh agus ùraichte le 14 litrichean lèirmheis a' dol a-mach	Chaidh 7 litrichean lèirmheis a-mach gu ruige seo.			SPCLC
	1.5 Meudaich buaidh nam Planaichean Gàidhlig le bhith a' cur a-mach 1 fios tràth gum feumar plana ullachadh	Cha deach fios tràth a-mach fhathast.			SPCLC
	1.6 Dèan measadh air adhartas le bhith a' cur aithisg sgrùdaidh bhliadhnail chun a' Bhùird air planaichean airson 2019/20 (stèidhichte air dàta meatrach nam planaichean)	Chaidh pàipear mu adhartas le planaichean Gàidhlig 2019/20 air beulaibh a' Bhùird air 16/06/2021. Chaidh am pàipear seo, a tha dà-chànanach, a sgaoileadh do gach ùghdarras poblach a tha air aithisgean a chur thugainn no a tha air dheireadh leis na h-aithisgean aca.			SPCLC
	1.7 Cuidich le bhith a' buileachadh 40 pròiseact gus geallaidhean Phlanaichean Gàidhlig a chur an gnìomh tro GhLAIF	Gu ruige seo, chaidh aontachadh ri 52 pròiseactan GLAIF 21-22 (le luach £580k) agus chaidh aontachadh ri 14 pròiseactan ann am prionnsabal aig an ìre seo.			SPCLC

Seisean Fosgailte

Cuspair 12.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 30/09/2021	Coileanadh gu 30/09/2021	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/ Uaine		
	1.8 Meudaich cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' sgaoileadh fiosrachadh gach ràithe mu #Cleachdi do gach ùghdarras poblach a tha an sàs ann am pròiseas nam planaichean Gàidhlig reachdail	Tha oifigearan nam planaichean gu math tric a' togail air an sgeama #cleachdi le ùghdarrasan poblach aig coinneamhan mu phlanaichean no aithisgean dearcnachaidh. Gu ruige seo, chaidh fios a-mach gu Comhairle Baile Ghlaschu, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Puirt-Adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean.			SPCLC
Prìomh Chomharra Coileanaidh 2: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha."	**Tachartasan** 2.1 Meudaich cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' toirt taic do ghnìomhan mar phàirt de Cholmcille 1500, Bliadhna nan Sgeul agus #Cleachdi tro bhith a' lìbhrigeadh nan sgeamaichean maoineachaidh againn	Thathar ag iarraidh air gach pròiseact a gheibh maoineachadh a bhith a' cur air adhart na h-iomairtean seo.			SPCLC
	2.2 Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig le bhith a' toirt taic do chom-pàirtichean gus Latha na Gàidhlig agus Seachdain na Gàidhlig a chumail	Chaidh aontachadh ri £25k a thabhann do Hands Up for Trad airson Seachdain Gàidhlig na Cruinne a chumail tràth ann an 2022			SPCLC
	Air-loidhne 2.3 Dèan cinnteach gum bi a' Ghàidhlig nas ruigsinniche tro bhith a' maoineachadh co-dhiù 10 pròiseactan air-loidhne	Chaidh 7 pròiseactan a mhaoineachadh tro GLAIF a thèid lìbhrigeadh gu tur air-loidhne no a bhios cur air adhart na Gàidhlig air-loidhne. Chaidh cuideachd taic a thabhann do Hands Up for Trad airson Seachdain Gàidhlig na Cruinne, pròiseact mòr air-loidhne airson cur air adhart na Gàidhlig.			SPCLC
	2.4 Cruthaich drochaidean eadar fileantaich agus luchd-ionnsachaidh tro bhith a' stèidheachadh "Caraidean cleachdaidh"	Bhuainnich Cànan Graphic Studio a' chùmhnant airson pròiseact #cleachdi Còmhla a lìbhrigeach dhuinn agus tha adhartas a' tighinn leis.			SPCLC
	2.5 Thoir cothrom air gnìomhan bogaidh tro bhith a' lìbhrigeadh na h-iomairt #Cleachdiaigantaigh le com-pàirtichean	Thòisich seo sa Mhàrt 2020 agus tha e air a bhith a' leantainn on uair sin. Tha BNG air a bhith co-òrdanachadh, le buidhnean lìbhrigidh a' cur air dòigh na tachartasan fhèin. Thàinig an iomairt gu crìch anns a' Ghiblean 2021 aig àm saor-làithean na Càisge. Às dèidh bruidhinn ris na buidhnean lìbhrigidh bha iad an dùil tachartasan aghaidh-ri-aghaidh a ruith leis gun robh na bacaidhean a lagachadh. Bha beachd ann "Clàr Mòr #cleachdiaigantaigh" a thòiseachadh tron t-Samhradh, ach a-rithist leis gun do lagaich riaghailtean nas motha, cha deach clàr mòr a chur air dòigh leis nach biodh gu leòr ann a lìonadh. Cuideachd, bha na buidhnean lìbhrigidh den bheachd gun robh ùidh a' crìonadh ann an tachartasan air-loidhne. Le bhith ag ràdh seo, chuir na buidhnean lìbhrigidh fàilte air a' bheachd fhèin is tha iad fhathast a' cleachdadh logo "#cleachdiaigantaigh". Tha an hashtag cuideachd fhathast ri fhaicinn air na meadhanan sòisealta.			SPCLC
	Fiosrachadh 2.6 Faigh fianais mu na buannachdan/na dùbhlain a tha ann do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig mar thoradh air a' ghalar sgaoilte tro bhith a' coimiseanadh co-dhiù trì pìosan rannsachaidh	Tha aon pròiseact air tòiseachadh agus aon eile air faire.			SPCLC

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn?
•

Seisean Fosgailte

Cuspair 12.1 PT1

2. 0 Ionnsachadh na Gàidhlig

2. Learning Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 2: Gum bi leudachadh anns na cothroman do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail	**Strategic Priority 2:** Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ris ar lèirsinn tro: Leasachaidhean le cothroman a bharrachd airson an cànan ionnsachadh (luchd-fileanta agus luchd-ionnsachaidh) Neartachadh ìomhaigh a' chànain (ann an coimhearsnachdan eadar-dealaichte agus gu nàiseanta) A' leudachadh siostaman conaltraidh agus co-obrachaidh airson na targaidean sa Phlana Nàiseanta a choileanadh.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Ri linn Covid-19 tha sinn a' beachdachadh gu faiceallach air na dòighean-obrach againn – gu seachd àraidh leis gu bheil an galar a' bualadh gu mòr air seirbheisean foghlaim (de gach seòrsa).

Prìomh Chomharra Coileanaidh	**Targaid**	**Adhartas gu** 30/09/2021	**Coileanadh gu 30/09/2021**	**Dùil aig 31/03/2022**	**Oifigear-stiùiridh aithris**
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 3: Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean	3.1 Ullaich ro-innleachd airson an àm ri teachd tro bhith a' cur an gnìomh 4 sgeamaichean pìleat com-pàirteachais a mhaireas 4-6 mìosan le Ùghdarrasan Ionadail	Leis na h-atharrachaidhean ann am BnG, cha bhi sinn a' dèanamh a' ghnìomh seo. Nan àite, tha sinn air gluasad gu ro-innleachd a chur air dòigh le CNAG agus Comann nam Pàrant airson pròiseact pìleat gus taic a thoirt seachad do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean ann an 16 Ughdarrasan Ionadail. Tha coinneamhan ann le CnaG agus Comann nam Pàrant gach mìos; Fios a' sgaoileadh thuca mu bhuidheann tràth-bhliadhnaichean 09/07/2021. Conaltradh le CnaG agus CALA mu chothroman do bhuidheann tràth-bhliadhnaichean Fios a chur gu EG & B mu cothroman trèanaidh anns na tràth ìrean.	**N/a**	**N/a**	Stiùiriche Foghlam
	3.2 Cuir ri èifeachdas le bhith a' comharrachadh prìomh phuingean conaltraidh airson an dà chuid BnG agus Ùghdarrasan Ionadail.	Bidh an Stiùiriche Foghlaim ag obair le GLAN mar prìomh phuing conaltraidh nàiseanta. Bidh an t-Oifigear Leasachaidh Foghlaim a' taisbeanadh aig GLAN san Dàmhair 2021 airson fios a thoirt seachad air an obair aice.			Stiùiriche Foghlam
	3.3 Ann an com-pàirteachas le CnamP, dìon maoineachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil maoineachadh a bheir CORRA seachad a' coileanadh nam Prìomh Chomharran Coileanaidh aca.	Thig Prìomh Chomharran Coileanaidh fhigheadh a-staigh do chumhaichean buidhnean tràth-bhliadhnaichean anns na cùmhnantan aca. Thèid fios a' toirt seachad ann an Aithisgean Adhartais gu CORRA gach cairteal.			Stiùiriche Foghlam
	3.4 Cuir aghaidh air buaidh COVID-19 le bhith a' toirt taic do Bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean gus dòighean ùra a chruthachadh airson a bhith ag obair air-loidhne agus air a' bhlàr a-muigh, a' gabhail a-steach a bhith a' lìbhrigeadh 24 seiseanan tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air-loidhne	Tha 10 buidhnean a' coinneachadh air loidhne le àireamhan de 1,783 an làthair bhon a' Ghiblean gu deireadh an t-Sultain; 16 buidhnean a nis air fhosgladh agus a' lìbhrigeadh seiseanan air a' bhlàr a-muigh le 882 an làthair aca bhon a' Ghiblean chun an t-Sultainn.			Oifigear Leasachaidh Foghlaim (Tràth-bhliadhnaichean)
	3.5 A' toirt cothrom do bhuidhnean Tràth-bhliadhnaichean obrachadh tro lìbhrigeadh Sgeamaichean Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean agus tro cheannach àrachas airson buidhnean thràth-bhliadhnaichean.	Dh'fhosgail Sgeama Tabhartasan Tràth bhliadhnaichean 2021/22 'sa Chèitein agus dhùn e 13mh Iuchar 2021. Chaidh post dealain a mach chun a h-uile buidheann a fhuair maoineachadh roimhe seo; chaidh a sgeama a shanasachd air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus air na meadhanan sòisealta. Fhuair 19 buidhnean taic (20/21 – 16). Tha àrachas aig 34 bhuidhnean bho Màrt 2021 gu Mart 2022.			Oifigear Leasachaidh Foghlaim (Tràth-bhliadhnaichean)
Prìomh Chomharra Coileanaidh 4: Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart	**Ionnsachadh Proifeiseanta** 4.1 Cuir ri misneachd agus ri lìonrachadh tro cho-labhairt Luchd-teagaisg Ùr-theisteanaichte air a lìbhrigeadh air-loidhne le com-pàirtichean	Co-labhairt air loidhne gu math soirbheachail (05.21) le 31 an làthair is sgòraichean measaidh aig 4/5.			Stiùiriche Foghlam

Seisean Fosgailte

Cuspair 12.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 30/09/2021	Coileanadh gu 30/09/2021	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
	4.2 Cuir ri sgilean agus comas tro chùrsaichean ceannardais airson àrd-luchd-stiùiridh (an dà chuid airson FtG agus dhaibhsan le uallach airson FtG) air an ullachadh le com-pàirteachas a tha a' gabhail a-steach BnG	Tha sinn ann an còmhraidhean proifeasanta le institiud airson seo a thoirt air adhart agus bha coinneamh ann an Lùnastal 2021 le oifigearan Ùghdarrasan Ionadail airson molaidhean fhaighinn bhuapa. Chaidh lìonra nàiseanta air ceannardas ann an FtG stèidhichte le Foghlam Alba is buidhnean nàiseanta eile; bha coinneamh eile san Lùnastal 2021. Thèid an Stiùiriche Foghlaim air ais do SMO airson comhairle proifeasanta a thoirt dhaibh air na molaidhean aca air ceannardas ann am FtG.			Stiùiriche Foghlam
	4.3 Cuir ri sgilean agus faicsinneachd FtG tro BhnG a bhith a' lìbhrigeadh 3 tachartasan ann am Fèis Ionnsachaidh na h-Alba no a leithid air-loidhne	Fèis Ionnsachaidh na h-Alba air loidhne le fòrmat lùghdaichte air sgàth COVID-19. Libhrig BnG aon seisean air 21.09.2021 le Inbhir Àir a Tuath air a' cur air dòigh FtG. Cha robh cothrom ann 3 tachartasan a dhèanamh mar a bha sinn an dùil air sgàth format eadar-dhealaichte.			Stiùiriche Foghlam
	4.4 Cùm oirnn a' toirt taic do leasachadh sgilean chleachdaidhean FtG sna Tràth-bhliadhnaichean le 8 cothroman trèanaidh airson nan Tràth-bhliadhnaichean air an lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas le Stòrlann agus CALA	Cha do thachair seiseanan trèanadh fhathast le CALA agus Stòrlann. An dùil a-nis gun tachair iad sin a'mhòr chuid aca eadar an t-Samhain agus a' Mhàrt. Bidh CALA a' lìbhrigeadh a chiad seisean air loidhne Heuristic Play and Treasure Baskets tro mheadhan na Gàidhlig aig toiseach an t-Samhain, le Stòrlann a' dèanamh seisean an t-seachdain as dèidh sin.			Oifigear Leasachadh Foghlaim (TB)
	Cleachdaidhean Foghlam Gàidhlig (FG) 4.5 Cuir ris na h-àireamhan de luchd-obrach FG tro iomairt gus obraichean ann am FG a bhrosnachadh	Tha obair a' dol air iomairt eile airson seo a chur an gnìomh. Thoisich an t-oifigear trusadh luchd-teagasg san Dàmhair.			Stiùiriche Foghlam
	4.6 Dèan cinnteach gun tèid barrachd Gàidhlig 1+2 a thoirt seachad tro bhith a' cur ri Teisteanas Teagaisg a Bharrachd (ATQ) airson luchd-ionnsachaidh sa Ghàidhlig	Dàil air tòiseachadh a' chùrsa ri linn Covid-19. Deit tòiseachaidh Samhain 21 agus a' ruith gus an Dùbhlachd 22, le cùrsaichean FLI ann an ard-sgoiltean a' tòiseachadh ann an Lùnastal 23 (Seisean 23-24). A' chùrsa maoinichte (03.21) le 10 tagraichean (Glaschu; Dùn Èideann; Lannraig a Tuath; Dùn Breatann an Iar). Comhairle phroifeiseanta a' leantainn bhon Sgioba Foghlaim airson Srath Chluaidh/ Glaschu /CCTA a tha an sàs leis a' phròiseact.			Stiùiriche Foghlam
	4.7 A' tàladh agus a' cumail oileanaich ann an trèanadh FG le bhith a' lìbhrigeadh sgeama maoineachaidh airson oileanaich is tidsearan ann am FtG obair còmhla ris a' phrìomh luchd-ùidh uile gus cothroman leasachaidh a chomharrachadh tro rannsachadh a chaidh a choimiseanadh gus beachdachadh air gach taobh de dh'fhoghlam Tidsearan Tùsail Gàidhlig	Bha an Sgeama Thabhartasan Oileanach fosgailte gu 2mh Sultain 2021. Fios air a' sgaoileadh air na meadhanan sòisealta agus làrach-lìn a' Bhùird. Bha 47 tagraidhean soirbheachail ann le taic-airgid £60k (20/21 – 47). Gu math brosnachail gu bheil na h-àireamhan eadar an dà bhliadhna aig an aon ìre, a dh'aoindeoin COVID-19.			Stiùiriche Foghlam
	4.8 Ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean na h-Alba agus buidhnean eile, tarraing barrachd dhaoine òga a-steach do thrèanadh proifeasanta airson FG tro bhith a' lìbhrigeadh ceithir tachartasan dreuchdail	Bidh seo a' tòiseachadh leis gu bheil an t-oifigear ùr san dreuchd a-nise.			
	Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig 4.9 An Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig air a chleachdadh barrachd (le ath-sgrùdadh air a dhèanamh; agus 50% de mholaidhean air an cur an gnìomh ron Mhàrt 2022 le plana agus clàr-ama ann gus an còrr a chur an gnìomh)	Coinneamhan Ath-sgrùdaidh a' leantainn le GLAN, Foghlam Alba, Riaghaltas na h-Alba, CnamP (coinneamh mu dheireadh 22.06). Frèama airson iomairt shanasachd a libhrigeadh aontaichte (22.06). Còmhraidhean a' leanntainn le Fìobha agus Rinn Frìu airson obair ann an compairteachas a dhèanam. Coinneamh dhen Bhuidheann-fòcais Phàrantan 13.07.21			Stiùiriche Foghlam

Seisean Fosgailte

Cuspair 12.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 30/09/2021	Coileanadh gu 30/09/2021	Dùil aig 31/03/2022	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 5: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart."	**Ionnsachadh na Gàidhlig** 5.1 Cuir ri sgilean cànain tro structaran, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas, airson lìonraidhean eadar-ghinealaich agus barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann an coimhearsnachdan traidiseanta agus ùra	Bhuainnich Cànan Graphic Studio a' chùmhnant airson pròiseact #cleachdi Còmhla a lìbhrigeach dhuinn agus tha adhartas a' tighinn leis.			Manaidsear Com-pàirteachas
	5.2 Barrachd leasachaidhean air an comharrachadh tro mheasadh air goireas 'ionad uile-fhreastail' airson pàrantan a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh agus/no a chleachdadh san t-Sultain 2021	Tha an làrach-lìn ùr ('ionad uile-fhreastail') a-nise deiseil is thèid e a chur air bhog Dàmhair 2021.			Stiùiriche Foghlam
	5.3 Thoir seachad slighe eile gu fileantas do phroifeiseantaich foghlaim le sgeama bogaidh airson cleachdaidhean foghlaim Gàidhlig air a mhaoineachadh; agus air a lìbhrigeadh le com-pàirtichean	Maoineachas airson an Sgeama Bogaidh aontaichte (06.21) le 2 luchd-teagaisg à Dhùn Èideann a' frithealadh a' chùrsa bogaidh aig Oil. Ghlaschu san t-seisein 21-22.			Stiùiriche Foghlaim
	5.4 Taic gus cur ri àireamhan an luchd-ionnsachaidh agus nan slighean gu fileantas le bhith a' gabhail pàirt ann an leasachaidhean SpeakGaelic, gu sònraichte tro mhaoineachadh	Chaidh SpeakGaelic a chur air bhog air 15.10.2021 leis an làrach-lìn deiseil ron uair sin. Aig coinneamh a' Bhùird-stiùiridh air 06.10.2021, dh'aontaich am Bòrd-stiùiridh taic a chumail do dh'ullachadh B1 agus B2 airson nan ath cheumannan aig SpeakGaelic.			Stiùiriche Foghlaim

Cothroman Ùra
Dè na gnìomhan eile a dh' fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn

Seisean Fosgailte

Cuspair 12.1 PT1

3. A' Cur na Gàidhlig air Adhart

3. Promoting Gaelic

Prìomhachas Ro-innleachdail 3: Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil don Ghàidhlig agus a cultar	**Strategic Priority 3:** More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha a h-uile targaid seo ag obair a dh' ionnsaigh an lèirsinn gu h-àrd a chur an gnìomh agus tha adhartas math air a bhith ann gu ruige seo agus tha sinn air cuid dhuibh a choileanadh mu thràth.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha adhartas gu ruige seo air a bhith mar a bhiodh dùil.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	**Targaid**	**Adhartas gu** 30/09/2021	**Coileanadh gu 30/09/2021**	**Dùil aig 31/03/22**	**Oifigear-stiùiridh aithris**
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 6: A' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar	**Tagradh** 6.1 Cuir freagairtean a-steach gu co-dhiù 12 cho-chomhairleachadh phoblach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air a' Ghàidhlig	Tha Reference Economic Consultants ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is a' deasachadh na freagairtean do cho-comhairlichean poblach. Am bliadhnasa tha 13 freagairtean air a dhol a-steach gu diofar co-chomhairlichean. Tha an obair air a dhèanamh eadar Reference Economic Consultants agus sgiobaidhean aig BnG. Tha sinn, an-dràsta a' deasachadh còig freagairtean airson a dhol a-steach.			Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd (SPCLC)
	6.2 Brosnaich co-dhiù 5 buidhnean ùra gus poileasaidhean Gàidhlig a thoirt a-steach gus a' Ghàidhlig a neartachadh san obair aca	Tha coinneamhan air a bhith ann le dà bhuidheann ùr mu phoileasaidhean/ùidh air a' Ghàidhlig. 'S iad Highland Wildlife Park agus Gaelic Athletic Association – Scotland.			SPCLC
	6.3 Brosnaich 5 pròiseactan ùra gus comas a thoirt do buidhnean planaichean Gàidhlig saor-thoileach a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a neartachadh san obair aca	Tha còmhraidhean air a bhith ann mu dheidhinn 6 pròiseactan ùra gu ruige seo - Coire Shalach – Urras Nàiseanta na h-Alba; Spiorad na Gàidhealtachd – Highlife na Gàidhealtachd; Fèis The Gathering; Là Mòr na Gàidhlig – Hands Up For Trad; Abair E – Stòrlann; Indylan – Herriot Watt University.			SPCLC
	6.4 6 Conaltraidhean le luchd-poilitigs (gu dìreach, tro fhoillseachaidhean, agus tro Bhuidheann Thar-phàrtaidh na Gàidhlig) gus tuigse agus gnìomhan a mheudachadh	Chaidh pàipear fiosrachaidh mu dheidhinn obair a' Bhùird a sgaoileadh do Bhuill Pàrlamaid na h-Alba air thoiseach air an deasbad a bha sa Phàrlamaid air 23 Ògmhios 2021. Bidh an ath choinneamh Bhuidheann Thar-phartaidh na Gàidhlig air 25.10.2021 le taisbeanadh air Dàta Foghlaim agus Plana Nàiseanta #4 air a libhreagadh le BnG.			SPCLC
	Mothachadh/Brosnachadh 6.5 Comas air a thoirt do dhaoine eile gus mothachadh a thogail mun Ghàidhlig tro bhith a' foillseachadh stiùireadh air buidhnean, tachartasan agus dualchas Gàidhlig air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig	Thathas an dùil gum bi an làrach-lìn #cleachdi a' dèiligeadh le seo gu ìre. Tha pròiseas solarachaidh a' dol an-dràsta airson cùnnradair fhaighinn gus seo a chur air dòigh. Bidh làrach lìn ùr - www.cleachdi.scot a' tighinn tràth ann an 2022 tron pròiseact #cleachdi còmhla.			SPCLC
	6.6 Fiosrachadh nas ruigsinniche tro bhith a' cur làrach-lìn ùr air bhog ro 01 Giblean 2021.	Chaidh an làrach-lìn ùr air bhog ro 01 Giblean 2021. Eadar 01 Giblean 2021 agus 30 Ògmhios 2021 chleachd 5,971 dhaoine an làrach-lìn, suas 193% bhon aon àm ann an 2020.			SPCLC
	6.7 Leudaich ruigsinneachd iomairt #Cleachdi	Tha sgioba Conaltraidh air a bhith a' cleachdadh iomairt #cleachdi airson sgeulachdan dhaoine le Gàidhlig a bhrosnachadh air loidhne. Tha na posts seo air a bhith gu math soirbheachail. Thòisich sgaoileadh bhathar #cleachdi a-rithist san Lùnastal 2021. Tha Comhairle nan Leabhraichean a' lìbhrigeadh na h-obrach seo as leth BnG. Tha iarratas mòr ann airson bathar fhaighinn.			SPCLC
	6.8 Thoir buaidh nas motha air na meadhanan sòisealta tro bhith a' toirt leudachadh de 20% air an ruigsinneachd againn (bun-loidhne luchd-chleachdaidh 20/21 – Twitter 7,275; Facebook 4,733, Instagram 1,821)	Tha obair air na meadhanan sòisealta a' ruith gu cunbhalach. Stats air 04 Dàmhair 2021: Twitter BnG – 6,866; Twitter BnG Foghlam – 855; Facebook – 4,885 (followers) 5,363 (likes); Instagram BnG – 1,968: Instagram - BnG Foghlam - 714			SPCLC
	6.9 Thoir seachad fiosrachadh agus oideachadh mun Ghàidhlig agus a cultar le bhith a' stèidheachadh seirbheis fiosrachaidh tro sholaraiche air an taobh a-muigh	Thathas an dùil gum bi an làrach-lìn #cleachdi a' dèiligeadh le seo gu ìre. Bidh làrach lìn ùr - www.cleachdi.scot a' tighinn tràth ann an 2022 tron pròiseact #cleachdi còmhla.			SPCLC

Seisean Fosgailte

Cuspair 12.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 30/09/2021	Coileanadh gu 30/09/2021	Dùil aig 31/03/22	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 7: Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, "Tha a' Ghàidhlig cudromach do dh'Alba."	**Sunnd** 7.1 Iomairt gus a' Ghàidhlig aithneachadh mar phàirt de shunnd ann an Alba air a chur an gnìomh	Tha riochdairean bho BnG a' brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig air air a' bhuidhinn stiùiridh is buidheann obrach aig bliadhna nàiseanta - Bliadhna nan Sgeul 2022. Ann am brathan-naidheachd, thèid buaidh thachartasan Gàidhlig, gu sònraichte air-loidhne, air sunnd is a bhith a' neartachadh coimhearsnachdan ainmeachadh gu cunbhalach.			SPCLC
	7.2 Barrachd cheanglaichean ann eadar Gàidhlig agus sunnd tro bhith a' cur fòcas air sunnd ann an sgeamaichean tabhartais	Thèid lèirmheas a dhèanamh air slatan-tomhais is prìomhachasan sgeamaichean 22/23 (air foillseachadh ann an 21/22) gus seo a dhèanamh			SPCLC
	7.3 Bithear a' coimiseanadh rannsachadh air a' cheangal eadar Gàidhlig agus sunnd gus cur ri cothroman gus togail air seo	Cha robh adhartas gu ruige seo.			SPCLC
	Plana Nàiseanta na Gàidhlig 7.5 Com-pàirteachadh nàiseanta san ath Phlana tro bhith ga chur a-mach airson co-chomhairle ro 1 Dàmhair 2021	Thòisich an obair seo a-rèir a' chlàr-ama. Cha robh e comasach a sgaoileadh ro 1 Dàmhair 2021 oir bidh aonta a' Bhùird-stiùiridh a dhìth air. Thèid e dhan ath choinneimh is thèid e a-mach do cho-chomhairle taobh a-staigh clàr-ama airson an ath phlan.	N/a	N/a	SPCLC

Cothroman Ùra
Dè na gnìomhan eile a dh 'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn:

4. Deagh Riaghladh

4. Good Governance

Prìomhachas Ro-Innleachdail 4: Gun cùm Bord na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige	**Strategic Priority 4:** Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works

▪ **Ciamar a tha an t-adhartas a' cuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh na lèirsinn?**	Tha an t-adhartas gu ruige seo a' cur ri ar lèirsinn tro: Trèanadh is leasachadh airson an sgioba air fad; prògram leasachadh a' leantainn air aithisgean luchd in-sgrùdaidh. Tha suidheachadh a thaobh obair bhon taigh a' ciallachadh gu bheil sinn a' dèanamh tòrr adhartais a thaobh na h-àrainneachd. Tha adhartas math air a bhith ann air a' Phlana Leasachaidh.
▪ **A bheil adhartas mu choinneamh na lèirsinn mar a bhiodh dùil?**	Tha e air a bhith dùbhlanach an adhartas a bu mhath leinn a dhèanamh a dhèanamh leis gu bheil barrachd obair ann air sgath 's gu bheil sinn sgapte agus tha sin fhèin ag adhbharachadh obair a bharrachd. A dh'aindeoin sin, tha deagh adhartas air a bhith ann.

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 30/09/2021	Coileanadh gu 30/09/21	Dùil aig 31/03/22	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
Prìomh Chomharra Coileanaidh 8: Bidh barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh leis an abairt, "Tha an obair agam aig Bòrd na Gàidhlig a' còrdadh rium	**Luachan** 8.1 Tha luachan na buidhne leabaichte aig cridhe gach rud a nì sinn gus cur ri com-pàirteachas agus riarachas	Tha na luachan air an cleachdadh aig tòiseach gach coinneamh mhìosail aig Dè tha Dol; tha iad mar phàirt den gach Plana Obrach Pearsanta (POP) gus cothrom a thoirt do gach neach a bhith a' beachdachadh air aon luach airson na 6 seachdainean ri thighinn.			Ceannard

Seisean Fosgailte

Cuspair 12.1 PT1

Prìomh Chomharra Coileanaidh	Targaid	Adhartas gu 30/09/2021	Coileanadh gu 30/09/21	Dùil aig 31/03/22	Oifigear-stiùiridh aithris
			Dearg/Orainds/Uaine		
agus tha i a' dèanamh diofar."	**Conaltradh** 8.2 Bidh sinn air plana gnìomh a chur an sàs gus na poileasaidhean aig Bòrd na Gàidhlig, agus an conaltradh mun deidhinn, ùrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear gan tuigsinn agus gu bheilear gan leantainn	Tha clàr-ama ann leis an t-seirbheis HR gus lèirmheas a dhèanamh air na poileasaidhean uile ro dheireadh a' Mhàirt 2022. Thèid gach poileasaidh gu Sgioba Stiùiridh; Luchd-obrach agus air ais gu Sgioba Stiùiridh airson beachdan / molaidhean agus an uair sin thèid iad don Chomataidh Poileasaidh is Goireasan airson aonta. Tha cleas ann far a bheil Manaidsear Gnìomhan a' bruidhinn air poileasaidh gach cola-deug aig Dè tha Dol foirmeil agus tha cothrom ann ceistean a chur. Thèid an geàrr-iomradh air a' phoileasaidh ri geàrr-chunntas na coinneimh gus am faic luchd-obrach nach robh an làthair na chaidh a ràdh.			Ceannard
	Ùr-ghnàthachas agus Èifeachdas 8.3 Bheir sinn a-steach trì teicneòlasan ùra no trì cleachdaidhean ùra de theicneòlas - airson obair rianachd air sgeamaichean maoineachaidh, a' toirt piseach air a' bhathar-bog HR againn agus a' comasachadh tagraidhean chosgaisean air-loidhne gus uallaichean obrach a lughdachadh agus a bhith nas èifeachdaiche	Tha siostam airson iarrtasan trèanaidh agus measadh trèanadh air an neartachadh le foirmichean measaidh ri fhaighinn ann an àite soilleir ann an Sharepoint agus iarrtasan air PeopleHR; tha siostam air-loidhne ann a-nise airson cosgaisean (siubhail is eile) a tha luchd-obrach a' cleachdadh.			Ceannard
Prìomh Chomharra Coileanaidh 9: Bidh barrachd de ar luchd-ùidhe ag aontachadh leis an abairt, "Tha Bòrd na Gàidhlig a' coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a' cur taic ris an obair againne."	**Leasachaidh Leantainneach** 9.1 80% den Phlana Leasachaidh againn air a chur an gnìomh ro 31 Màrt 2022 gus am bi sinn nar buidheann nas fheàrr do luchd-obrach agus luchd-ùidh	As dèidh coinneamh a' Bhùird-stiùiridh air 06.10.2021, bha 100% den Plana Leasachaidh air a chur an gnìomh.			Ceannard
	9.2 Coilean no rach thairis air na targaidean san Aithris Luach as Fheàrr againn gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn am feum as fheàrr de ghoireasan poblach	Cha do thoisich obair air Aithris Luach as Fheàrr fhathast.			Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra
	A' Lùghdachadh Carboin 9.3 Bidh plana siubhail gnìomhachais an gnìomh againn a bhios a' cur ris na targaidean lùghdachaidh carboin againn.	Chaidh bruidhinn air an obair a rinneadh gu ruige seo leis a' Mhanaidsear Gnìomhan agus fhuaradh sgrìobhainnean iomchaidh. Bhathar an dùil tòiseachadh air an obair seo faisg air deireadh an Iuchair ach tha e fhathast ri tòiseachadh gu ceart.			Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra

Cothroman Ùra Dè na gnìomhan eile a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartas leis an lèirsinn

Dearg Orains Uaine

Bidh aithisgean adhartais gu tric a' dèanamh feum de shiostam le 'solais trafaig' gus sealltainn dè an t-adhartas a thathar a' dèanamh le pròiseactan. Ge-tà, tha cho èifeachdach 's a tha an goireas measaidh seo gu tur an urra ris cho dìcheallach 's a tha am manaidsear le uallach air a shon agus cho fìor 's a tha an ìre-adhartais a chaidh a chomharrachadh airson a' phròiseict. Cha bu chòir siostam nan solas-trafaig a chleachdadh gus trioblaidean fhalach, agus 's e an t-amas a th' aige adhartas a chomharrachadh agus sealltainn gu soilleir nuair dh'fheumas an Sgioba-stiùiridh/am Bòrd-stiùiridh rudeigin a dhèanamh mu chion adhartais – m.e., a' tomhas adhartas, a' cur ghnìomhan an sàs gus cùisean a chur ceart, agus a' cumail fios ris an Sgioba-stiùiridh agus ris a' Bhòrd-stiùiridh.

	Adhartas sa bhliadhna seo gu ruige seo	**Ro-mheasadh air an t-suidheachadh a bhios ann aig deireadh na bliadhna ionmhais**
	• Cha do thòisich an obair seo fhathast. • Tha duilgheadasan mòra ann leis a' phròiseact seo. • Feumaidh manaidsearan cùisean a leasachadh sa bhad.	• Tha cunnart ann nach bi am pròiseact deiseil nuair a bu chòir dha a bhith • Feumar gnìomhan leasachaidh a chur an sàs airson a' phròiseict gus cinn-uidhe ghnothachais a choileanadh agus/no gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair thoirt gu buil • [Nota: 1: Ma tha manaidsear an dùil gum bi ìre-adhartais dhearg ann aig deireadh na bliadhna, bu chòir dhaibh innse dè na goireasan is gnìomhan a tha dhìth gus an ìre-adhartais atharrachadh, agus/no carson nach gabh am pròiseact a choileanadh.] • [Nota 2: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus faicinn dè as coireach gu bheil ìre-adhartais dhearg ann agus gus plana gnìomh a dhealbh airson dèanamh cinnteach nach fhàs cùisean nas miosa agus gus an cron a nì an cion adhartais air cliù na buidhne agus air a' bhuidhinn san fharsaingeachd a lùghdachadh gu ìre cho beag 's as urrainn.]
	• Chan eil e air a choileanadh, thathar a' dèanamh adhartas. • Tha obair air tòiseachadh air seo. • Tha an obair a' dol air adhart mar a bhathar an dùil.	• Thathar an dùil gum bithear air adhartas nach beag a dhèanamh air seo aig deireadh na bliadhna, ach cha bhi an gnìomh air a choileanadh gu tur. • [Nota 3: Bu chòir don Sgioba-stiùiridh coimhead air a' ghnìomh, còmhla ris a' mhanaidsear le uallach air a shon, gus bruidhinn air dè na gnìomhan/goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh le bhith a' coileanadh na h-obrach gus an gabh e comharrachadh mar Uaine.]
	• Tha an gnìomh seo air a choileanadh, agus chan eil duilgheadasan ann.	• Thathar an dùil gun tèid an gnìomh a choileanadh a rèir a' chlàir-ama/plana/buidseat a chaidh aontachadh.

Seisean Fosgailte
Cuspair 12.2

A' freagairt ri	Am Bòrd-stiùiridh
Ceann-latha na Coinneimh	15/12/21
Àite:	Air-loidhne
Nì a' chlàr-ghnothaich	12.2

Tiotal a' Phàipeir	Adhartas nas Luaithe	
Moladh do Bhuill	Airson fiosrachadh *	
Neach-labhairt:	Shona NicIllinnein, Ceannard Jim Whannel, Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig	
Air ullachadh le:	Shona NicIllinnein, Ceannard	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	**Ceann-latha na Coinneimh**	**Seòrsachadh na h-Aithris**
Sgioba-stiùiridh	03/12/2021	Airson fiosrachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	

1	**Adhbhar**
1.1	Airson am fiosrachadh as ùire a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu dheidhinn na h-iomairt Adhartas nas Luaithe.
2.	**Cùl-fhiosrachadh**
2.1	Chaidh an iomairt Adhartas nas Luaithe a stèidheachadh eadar Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, gus na prìomhachasan ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 a thoirt air adhart. Tha am pìos seo ann am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23:- **"Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge** Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba."
2.2	Bha a' chiad choinneamh "Adhartas nas Luaithe" ann am Battleby, faisg air Peairt anns an Lùnastal 2018, le riochdairean bho còrr is 20 ùghdarras poblach an làthair agus le Iain Swinney, Leas-phrìomh Mhinistear na h-Alba sa chathair. Bha coinneamh Adhartas nas Luaithe eile anns an Lùnastal 2019 agus tri eile air-loidhne anns an t-Sultain 2020, sa Ghearran agus san t-Sultain 2021.
2.3	Tha na buidhnean a tha an sàs sna sruthan-obrach a' coinneachadh eadar nan coinneamhan leis a' Mhinistear gus an obair a thoirt air adhart.
2.4	A bharrachd air co-obrachadh eadar diofar ùghdarrasan poblach, tha co-obrachadh taobh-a-staigh na buidhne a' dol air adhart cuideachd, le fòcas air na 6 sruthan-obrach seo.
2.5	Dhearbhaich buill Co-cruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean (Convention of the Highlands and Islands) anns a' Mhàirt 2021 gum bi iad a' cumail sùil air leasachadh na Gàidhlig fo sgèith nan diofar chuspairean air a' chlàr-gnothaich aca, mar eisimpleir taigheadas is leasachaidhean eaconamach. Aig a' choinneimh aca san Dàmhair, chaidh

	feumalachdan na Gàidhlig agus na cothromanan a tha a' Ghàidhlig a' toirt dhan duthaich a thogail le luchd-labhairt eadar-dhealaichte.
3.	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh**
3.1	Tha obair Adhartas nas Luaithe a' dol air adhart le diofar bhuidhnean a' gabhail uallach airson sruthan-obrach. Aig a' choinneimh san t-Sultain, chaidh aontachadh gum biodh beagan atharrachaidhean air na sruthan-obrach a bh' ann agus fear ùr air a chur riutha. Tha iad a-nise mar a leanas:

Trusadh agus glèidheadh Thidsearan	Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS) agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC)
Ionnsachadh is Cleachdadh (air an robh Ionnsachadh didseatach agus meadhanan roimhe)	MG ALBA is Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
Eaconamaidh agus margaid-obrach	Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) is Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE)
Ceanglaichean coimhearsnachd	Comhairle nan Eilean Siar (CnES)
Com-pàirteachadh agus tionnsgalachd sna Meadhanan Didseatach (Air an robh Cleachdadh agus taic airson luchd-ionnsachaidh roimhe)	MG ALBA
Turasachd is Cultar	VisitScotland le Alba Chruthachail is Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba

3.2	'S e meadhan air leth chudromach a th' ann an Adhartas nas Luaithe gus amasan a' Phlana Nàiseanta a choileanadh. Tha cothroman ann an obair seo a leudachadh a-mach do chuid de na buidhnean poblach mòr eile a dh'fhaodadh a bhith an sàs san obair seo. Chaidh seo a thogail aig a' choinneimh san t-Sultain is le sin, thàinig an sruth-obrach ùr.
3.3	Tha amas aig BnG gum bi cuid de na buidhnean eile an sàs ann agus tha obair gu bhith a' tòiseachadh airson sin a thoirt air adhart.
4.	**Moladh**
4.1	Gum bi Buill a' Bhùird-stiùiridh a' gabhail fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.
5.	**Prìomh Bhuaidhean Ro-innleachdach**
5.1	**Buaidhean air Ionmhas**
	Chan eil gin ann.
5.2	**Buaidhean air Luchd-obrach**
	Tha e follaiseach gu bheil buaidh aig seo air obair taobh a-staigh na buidhne, le fòcas às ùr air na sruthan-obrach a' dèanamh diofar agus gu bheil seo a' còrdadh ri daoine. Tha dlùth cheangal eadar an obair seo agus a bhith a' cur phlanaichean reachdail aig na h-ùghdarrasan poblach an gnìomh, agus tha Adhartas nas Luaithe a' cruthachadh cothrom an ceangal eadar leasachadh na Gàidhlig agus planaichean reachdail a neartachadh am measg an sgioba.
5.3	**Buaidhean air Trèanadh**

	Tha diofar luchd-obrach a' faighinn chothroman tron phròiseas seo gus an t-eòlas agus na sgilean pearsanta aca fhèin a leasachadh.
5.4	**Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra**
	Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 **"Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge** Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba." Tha dlùth cheangal ann eadar Adhartas nas Luaithe agus a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig mar a tha Plana Corporra na buidhne ag amas air, gu sònraichte mar a leanas:- *"A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Planaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig"*
5.5	**Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta**

AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	☐	Clann	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

5.6	**Buaidhean air Cliù**
	Tha e cudromach gum bi Bòrd na Gàidhlig a' toirt ceannas do dh'Adhartas nas Luaithe leis an dùil gum bi e soirbheachail. Bidh seo a' neartachadh cliù na buidhne.
5.7	**Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd**
	Chan eil gin ann.
5.8	**Buaidhean Laghail**
	Chan eil gin ann.
5.9	**Buaidhean air Co-ionannachd**
	Chan eil gin ann.
5.10	**Buaidhean air an Àrainneachd**
	Cha bhi buaidh air an àrainneachd.

Seisean Fosgailte | Open Session
Cuspair 13.1

For	Board Meeting
Date of Meeting	15/12/2021
Location:	Online
Item on Agenda	13.1

Title	Strategic Risk Register	
Request	For approval	
Spokesperson	Nicola Pearson	
Governance route for the report	**Date**	**Type of Treatment**
Audit and Assurance Committee Leadership Team/ Managers	17/11/2021 13/10/2021	For Approval For Approval
Appendices	PT 1 – Strategic Risk Register	

1.0	**Purpose**
1.1	The paper presents the strategic risk register. This was reviewed and considered by the Leadership Team and managers at their meeting on 13/10/2021 and approved by the Audit and Assurance Committee at their meeting the 17/11/2021. This paper is in English to assist understanding by Internal and External Auditors as demonstration of competent risk management is central to their work.
2.0	**Cùl-fhiosrachadh/Background**
2.1	n/a
3.0	**Prìomh Aithris/Fiosrachadh / Main points**
3.1	Following the development session on risk management held on 4 August 2021, a revised strategic risk register will be developed and come to the Board. However until this is ready, the existing register is still in use. • There have been no changes made in the Strategic Risk since it was last presented to the Board.
4.0	**Moladh /Recommendation**
4.1	The Board are requested to: - Discuss the register - Make recommendations for changes as viewed appropriate; and - Approve the register.
5.0	**Key Strategic Impacts**
5.1	**Impact on Finance**
	The register outlines the potential risk for funding of Bòrd na Gàidhlig in light of COVID-19 and pressures on public finances.
5.2	**Impact on Staff**
	The strategic risk register has an impact on the work that staff deliver in terms of ameliorating risks to the organisation or utilising opportunities. This risk around staff absence had been increased due to rising levels of COVID-19 infection.
5.3	**Impact on Training**

	Apart from increasing staff understanding of the issues raised by the risk register, there is not direct impact.
5.4	**Links to Corporate Aims**
	The register contributes to the corporate aim that BnG continues to develop how it works, and to the achievement of the three other corporate aims.
5.5	**Links to the National Performance Framework**

Our Purose	**Our Values**
To focus on creating a more successful country with opportunities for all of Scotland to flourish through increased wellbeing, and sustainable and inclusive economic growth	We are a society which treats all our people with kindness, dignity and compassion, respects the rule of law, and acts in an open and transparent way

AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Human Rights	☐	Children & Young People	☐
Culture	☐	Communities	☐
Environment	☐	Poverty	☐
Health	☐	International	☐
Learning	☐	Economy	☐
Successful innovative businesses	☒		

5.6	**Impact on Reputation**
	Managing risk has a significant impact on the organisation. The regular review of the strategic risk registers ensure the organisation focuses on this.
5.7	**Impact on Health and Safety**
	n/a
5.8	**Legal Impact**
	n/a
5.9	**Impact on Equality**
	n/a
5.10	**Impact on Environment**
	n/a

STRATEGIC RISK REGISTER

Risk Ref. No.	Risk Description	Consequence of Risk (if the risk was to materialise, list the things that could happen)	Control Measures in Place (Using the consequences as a reference, list what needs to be put in place to minimise the impact of the risk)	Action Tolerate / Treat / Transfer / Terminate / Take an Opportunity	Date Identified	When control last reviewed	Current Risk Assessment			Previous Risk Rating	Risk Movement	Unmitigated Risk Score			Risk Owner
							Impact	Probability	Risk Rating			Impact	Probability	Risk Rating	
1. Covid-19															
1.1	**Impact of Covid-19 on elderly**	Loss of substantial part of the generation of fluent Gaelic speakers with a richness of vocabulary and cultural knowledge, leading to an impoverished language base.	Ensuring that immediate work is done to maximise virtual contact between elderly and young people	**Treat:** With partners, encourage cross-generation communications to reduce elderly isolation and increase language transfer.	Mar 2020	Oct 2021	4	2	8	8	→	4	3	12	Director of Language Planning and Community Developments
1.2	**Downturn in the economy, leading to reducing public funds and greater need for funding in critical care services** (was 4.2 in previous register)	Less funding available for Gaelic development	Ensuring that Best Value is a key consideration in how Bòrd na Gàidhlig operates	**Treat:** Bòrd na Gàidhlig continues to operate on Best Value principles. **Take an opportunity** Provide input and support for SG manifesto commitments for Gaelic; and aim to normalise Gaelic within other commitments.	April 2019	Oct 2021	4	2	8	8	→	4	4	16	Head of Finance and Corporate Affairs
1.3	**Partners unable to deliver projects (funded by BnG)**	Reduced activity in Gaelic; reduced ability to deliver BnG strategic priorities.	Collaboration with partners to discuss and develop alternatives.	**Treat** Continue regular communication with main funded organisations. **Take an opportunity** Consider, with partners, alternatives or new developments to support delivery of Gaelic services.	April 2020	Oct 2021	4	1	4	4	→	4	4	16	Director of Language Planning and Community Developments
1.4	**Loss of staff due to illness**	Reduced ability to carry out BnG's work and impact on staff morale.	Programme of support for staff in working from home.	**Treat** Review organisational priorities. Ensure wellbeing is a priority for staff and board. Implement new protocols rigorously to minimise risk of illness when allowed to return to office working.	Mar 2020	Oct 2021	4	2	8	8	→	4	4	16	Ceannard
1.5	**Reduction in staff productivity**	Reduced capacity to deliver BnG's work due to impact of continued lockdown.	Programme of support for staff in working from home.	**Treat** Review organisational priorities. Ensure wellbeing is a priority for staff and board. **Take the Opportunity** Ensure that those most likely to be affected are offered earliest opportunity to return to office-based working.	Mar 2021	Oct 2021	4	2	8	8	→	4	4	16	Ceannard

Very High	Risk Score **20-25**	Unacceptable level of risk exposure that requires immediate mitigating action and monthly monitoring
High	Risk Score **12-19**	Unacceptable level of risk which requires controls to be put in place to reduce exposure and monthly monitoring
Medium	Risk Score **6-11**	Controls can be put in place or the risk accepted. Subjected to quarterly monitoring.
Low	Risk Score **1-5**	Acceptable level of risk subject to six monthly monitoring

Once a risk has been assessed it is necessary to determine the most appropriate response to managing it. There are five potential ways to manage risks. These are:
Tolerate - Accept the consequences of the risk should it occur. If the risk is tolerated no control measures require to be implemented and therefore the risk only requires to be monitored on quarterly basis.
Treat - Take action to reduce the probability and/or impact of the risk.
Transfer - Remove part of the risk to someone else
Terminate - Cease the action/activity that is causing the risk to occur if this is appropriate
Take an opportunity - Share the risk with a partner involved in the area of work

Last updated: 04.10.2021

STRATEGIC RISK REGISTER

Risk Ref. No.	Risk Description	Consequence of Risk (if the risk was to materialise, list the things that could happen)	Control Measures in Place (Using the consequences as a reference, list what needs to be put in place to minimise the impact of the risk)	Action Tolerate / Treat / Transfer / Terminate / Take an Opportunity	Date Identified	When control last reviewed	Current Risk Assessment			Previous Risk Rating	Risk Movement	Unmitigated Risk Score			Risk Owner
							Impact	Probability	Risk Rating			Impact	Probability	Risk Rating	
2. More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home, and in the community.															
